



Finalised Western Isles Local Plan

Plana Ionadail Deireannach nan Eilean Siar



a land use strategy for sustaining
the communities of the western isles

ro-innleachd cleachdadh fearainn airson
seasmhachd do choimhearsnachdan nan
eilean siar

Finalised Plan {October 2005}
Plana Deireannach {An Dàmhair 2005}



Foreword and Contents

Foreword

Working within the approved Structure Plan, the Local Plan sets out a detailed framework of land use policies and proposals to positively guide the future development in the Western Isles. It seeks to help meet the communities' social and economic needs while respecting our special environmental qualities.

Public involvement in the Plan's preparation is important if it is to be effective and fully respond to the challenges facing the Western Isles. Accordingly your views are invited on the finalised version of the Plan before it is progressed toward adoption by the Comhairle.

Councillor Archie K. Campbell
Chair of Sustainable Development Committee

Giving Your Views

This finalised version of the Western Isles Local Plan has been approved by the Comhairle and is being placed 'on deposit' for the statutory six week consultation period (31 October - 9 December 2005).

Objections or expressions of support on the plan should be submitted on or before **Friday 9 December 2005**.

Your views should be submitted on the prescribed form to the address below OR electronically using the form on the Comhairle's web site at

www.cne-siar.gov.uk/localplanning

Director for Sustainable Communities
Comhairle nan Eilean Siar
Council Offices
Stornoway
HS1 2BW

Copies of the Finalised Local Plan as well as the approved Structure Plan can be found on the Comhairle's web site.



Foreword and Contents	Index of Policies and Proposals	Introduction
2	4	6
Policies	Development Management	Resource Management
	8	12
Economic Development	Housing, Community & Leisure Facilities	Greater Stornoway
16	20	24
Proposals	Resource Management	Economic Development
	30	32
Housing, Community & Leisure Facilities	Transportation	Implementation & Monitoring
38	42	44
Appendices	1: Local Plan response to issues raised in Structure Plan	2: Development & Design Considerations
	46	50
3: Car Parking Provision	4: Roads and Access Layout	5: Development affecting Listed Buildings
52	62	66
Glossary	Proposal Maps: A set of 13 Proposal Maps accompany the document. (These can be viewed at the main Comhairle offices or other deposit locations and are also available on CD.)	
68		





Facal-Toisich Clàr-Innse



Facal-Toisich & Clàr Innse

3

Clàr-amais Phoileasaidhean & Mholaidhean

5

Ro-Ràdh

7

Poileasaidhean

Rianachd Leasachaidh

9

Rianachd Stòrais

13

Leasachadh Eaconamach

17

Taigheadas, Goireasan Coimhearsnachd & Cur-seachad

21

Sgìre Steòrnabhaigh

25

Molaidhean

Rianachd Stòrais

31

Leasachadh Eaconamach

33

Taigheadas, Goireasan Coimhearsnachd & Cur-seachad

39

Còmhhdail

43

Buileachadh & Sgrùdadh

45

Pàipearan-Taice

1: Freagairt a'Phlana Ionadail air Cùisean air an Sònrachadh sa Phlana Structarail

47

2: Cùisean Leasachaidh & Dealbhachaidh

51

3: Pàirceadh Chàraichean

53

4: Cruth Rathidean agus Shlighean

63

5: Leasachadh a' toirt buaidh air Togalaichean air Liosta

67

Clàr Briathrachais

69

Mapaichean Mholaidhean

Tha 13 Mapaichean Moladh còmhla ri an sgrìobhainn. ('S urrainn dhuibh fhaicinn aig Comhairle nan Eilean Siar no aig aiteachan meadhanach eile. Faodaibh sibh fhaighinn air meanbh-chlàr.)

Ro-ràdh

Ag obrachadh taobh a-staigh a'Phlana Structarail a chaidh aontachadh, tha am Plana Ionadail a' comharrachadh frèam mionaideach de phoileasaidhean agus mholaidhean airson cleachdadh fearainn gus am bi deagh stiùireadh aig leasachadh anns na h-Eileanan Siar san àm ri teachd. Tha e airson cuideachadh a thoirt do choimhearsnachdan a' coinneachadh ri feuman sòisealta agus eaconamach agus aig an aon àm urram a shealltainn do na feartan àrainneachdail sònraichte againn.

Tha e cudromach gum bi com-pàirt aig a' phoball ann an ullachadh a' phlana ma tha e gu bhith èifeachdach agus a' làn choinneachadh ri na gach dùbhlann a tha fa chomhair nan Eilean Siar. Mar sin, bu toigh leinn ur beachdan fhaighinn air dreach deireannach a' Phlana mus bi e air a chur chun na Comhairle airson aonta.

Comhairliche Gilleasbaig C. Caimbeul
Cathraiche Comataidh Leasachadh Seasmhach

A' Toirt Ur Beachdan

Tha an dreachd deireannach seo de Phlana Ionadail nan Eilean Siar air aontachadh leis a'Chomhairle agus bidh e 'taisgte' airson nan sia seachdainean san ùine co-chomhairleachaidh reachdail (31 An Dàmhair - 9 An Dùbhlachd 2005).


Bu chòir gearanan a thaobh a' phlana an cur a-steach air no ro **Dihaoine 11 An Dùbhlachd 2005.**

Bu chòir ur beachdan a chur a-steach air an fhoirm òrdaichte chun an t-seòlaidh a leanas NO air an fhoirm dealanach air làrach-lìn na Comhairle a chleachdadh aig

www.cne-siar.gov.uk/localplanning

Stiùiriche Coimhearsnachdan Seasmhach
Comhairle nan Eilean Siar
Oifisean na Comhairle
Steòrnabhagh
HS1 1BW

Gheibhear lethbhric den Phlana Ionadail Deireannach agus den Phlana Structarail aontaichte air làrach-lìn na Comhairle.





Policies

Development Management

LP/DM1	Assessment of Development Applications.....	8
LP/DM2	Adverts and Signs	10
LP/DM3	Service Infrastructure	10
LP/DM4	Flooding.....	10
LP/DM5	Telecommunications	10

Resource Management

LP/RM1	Built Heritage Conservation.....	12
LP/RM2	Archaeology and Archaeologically Sensitive Areas.....	14
LP/RM3	Tree Protection and Management.....	14

Economic Development

LP/ED1	Business Development	16
LP/ED2	Safeguarding Industrial Activities.....	16
LP/ED3	Safeguarding Renewable Energy Resources	16
LP/ED4	Aquaculture and Marine Planning Powers	18
LP/ED5	Caravans and Camping for Tourism.....	18

Housing, Community & Leisure Facilities

LP/HCL1	General Housing Policy	20
LP/HCL2	Affordable Housing.....	20
LP/HCL3	Conversion of Buildings for Multiple Occupancy	22
LP/HCL4	Residential Caravans	22
LP/HCL5	Burial Grounds	22

Greater Stornoway

LP/STY1	Greater Stornoway Settlement.....	24
LP/STY2	Stornoway Town Centre	26
LP/STY3	Harbour Regeneration	26
LP/STY4	Newton Industrial Area	26
LP/STY5	Gleann Seileach Business Park	26
LP/STY6	Conservation Area Management Plan.....	28
LP/STY7	Town Hall	28
LP/STY8	Setting of War Memorial	28

Proposals

Resource Management

Prop LP/RM 1	Stornoway Townscape Heritage Initiative ...	30
Prop LP/RM 2	Former Industrial Female School, Scotland Street/Keith Street.....	30
Prop LP/RM 3	Woodland Centre	30
Prop LP/RM 4	Cromwell Street Quay	30
Prop LP/RM 5	Local Nature Reserve	30

Economic Development

Prop LP/ED 1	Gleann Seileach Business Park Extension ..	32
Prop LP/ED 2	Site at Bayhead / Matheson Road.....	32
Prop LP/ED 3	Lews Castle.....	32
Prop LP/ED 4	Former Bus Station, Cromwell Street	32
Prop LP/ED 5	Arnish	32
Prop LP/ED 6	Stornoway Airport	32
Prop LP/ED 7	Creed Enterprise Park	34
Prop LP/ED 8	Business Sites	34
Prop LP/ED 9	Regeneration Sites.....	34
Prop LP/ED 10	Tourism Sites	36
Prop LP/ED 11	Piers and Harbours.....	36

Housing, Community & Leisure Facilities

Prop LP/HCL 1	Housing Sites in Greater Stornoway	38
Prop LP/HCL 2	Dormitory Site, Marybank.....	38
Prop LP/HCL 3	Bayhead Estuary.....	38
Prop LP/HCL 4	Bridge Centre Site, Bayhead.....	38
Prop LP/HCL 5	The Nicolson Institute.....	40
Prop LP/HCL 6	Housing Sites outwith Greater Stornoway ..	40
Prop LP/HCL 7	Schools Provision	40
Prop LP/HCL 8	Community Facilities	40

Transportation

Prop LP/Trans 1	Local Traffic Improvements.....	42
Prop LP/Trans 2	Spinal Route	42
Prop LP/Trans 3	Barra Airstrip	42

Poileasaidhean

Rianachd Leasachaidh

LP/DM1	Measadh air Iarrtas Leasachaidh	9
LP/DM2	Sanasan agus Soighnichean	11
LP/DM3	Bun-structair Seirbheis	11
LP/DM4	Tuileachadh	11
LP/DM5	Tele-chonaltradh	11

Rianachd Stòrais

LP/RM1	Glèidhteachas Dualchas Togte	13
LP/RM2	Arc-eòlas agus Ceàrnaidhean Cugallach a thaobh Arc-eòlais	15
LP/RM3	Dìon agus Rianachd Chraobhan	15

Leasachadh Eaconamach

LP/ED1	Leasachadh Gnòthachais	17
LP/ED2	Dìon Obair Gnìomhachais	17
LP/ED3	Dìon Stòrasan Cumhachd Ath-nuadhachail	17
LP/ED4	Cumhachdan Planaidh Tuathanachas-uisge agus Mara	19
LP/ED5	Làraichean Carabhan agus Campachaidh airson Turasachd	19

Taigheadas, Goireasan Coimhearsnachd & Cur-seachad

LP/HCL1	Poileasaidh Taigheadais Coitcheann	21
LP/HCL2	Taigheadas Saor	21
LP/HCL3	Atharrachadh Thogalaichean airson Ioma-sheilbh	23
LP/HCL4	Carabhanaichean Còmhnaidh	23
LP/HCL5	Cladhan	23

Sgìre Steòrnabhaigh

LP/STY1	Tuineachadh Sgìre Steòrnabhaigh	25
LP/STY2	Meadhan Baile Steòrnabhaigh	27
LP/STY3	Ath-bheothachadh Cala	27
LP/STY4	Cèarn Gnìomhachais Newton	27
LP/STY5	Pàirc Gnòthachais Ghleann Seileach	27
LP/STY6	Plana Rianachd Àrainn Glèidhteachais	29
LP/STY7	Talla a' Bhaile	29
LP/STY8	Suidheachadh a' Chuimhneachan Cogaidh	29

Molaidhean

Rianachd Stòrais

Mol LP/RM 1	Iomairt Dualchas Baile Steòrnabhaigh	31
Mol LP/RM 2	Seann Sgoil Gnìomhachais nam Ban, Sràid na h-Alba/Sràid Chè	31
Mol LP/RM 3	Ionad na Coille	31
Mol LP/RM 4	Cidhe Sràid Chrombail	31
Mol LP/RM 5	Tèarmann Nàdair Ionadail	31

Leasachadh Eaconamach

Mol LP/ED 1	Leudachadh Pàirc Gnòthachais Ghleann Seileach	33
Mol LP/ED 2	Làrach aig Ceann a' Bhàigh / Rathad MhicMhathain	33
Mol LP/ED 3	Caisteal Leòdhais	33
Mol LP/ED 4	Seann Stèisean nam Busaichean, Sràid Chrombail	33
Mol LP/ED 5	Àirinis	33
Mol LP/ED 6	Port-adhair Steòrnabhaigh	33
Mol LP/ED 7	Pàirc Gnòthachais a' Ghrid	35
Mol LP/ED 8	Làraichean Gnòthachais	35
Mol LP/ED 9	Ath-bheothachadh	35
Mol LP/ED 10	Làraichean Turasachd	37
Mol LP/ED 11	Cidheachan agus Calaidhean	37

Taigheadas, Goireasan Coimhearsnachd & Cur-seachad

Mol LP/HCL 1	Làraichean Taigheadais ann an Sgìre Steòrnabhaigh	39
Mol LP/HCL 2	Làrach an Dormitory, Marybank	39
Mol LP/HCL 3	Beul na h-Aibhne, Ceann a' Bhàigh	39
Mol LP/HCL 4	Làrach Ionad na Drochaid, Ceann a' Bhàigh	39
Mol LP/HCL 5	Sgoil MhicNeacail	41
Mol LP/HCL 6	Làraichean Taigheadais taobh a-muigh Sgìre Steòrnabhaigh	41
Mol LP/HCL 7	Ullachadh do Sgoiltean	41
Mol LP/HCL 8	Goireasan Coimhearsnachd	41

Còmhdhail

Mol LP/Trans 1	Leasachaidhean Trafaig Ionadail	43
Mol LP/Trans 2	Prìomh Shlighe	43
Mol LP/Trans 3	Port-adhair Bharraigh	43

Introduction




The Local Plan along with the approved Structure Plan (2003) provides the statutory Development Plan for the Western Isles. Working together their aim is to provide:

“a land use strategy for sustaining the communities of the Western Isles”.

The Comhairle approved preparation of a new single island wide Local Plan in June 2004. Following engagement with key stakeholders, a Finalised Local Plan has been prepared as a basis for formal consultation with the public.

The Local Plan is short and focused. It adopts a positive approach to development and seeks to provide a framework for assessing and guiding development that is clear and consistent but sufficiently flexible to meet our islands sustainable development priorities. The Local Plan is linked to a range of local and national frameworks and the relationship between them is shown below.



The Local Plan is closely linked to the Structure Plan and as such should be read and used in conjunction with it. The Local Plan appropriately cross-references to the Structure Plan and to other national and local policy guidance, in particular PAN 49 Local Planning and PAN 73 Rural Diversification. However, it avoids repetition, particularly where a topic is adequately covered at a strategic level and where no additional local perspective is needed. As with the Structure Plan, the Local Plan policies are interrelated and interdependent.

The first section contains the **key policy topics** in terms of local priorities and needs (not already covered by the Structure Plan). The Plan has followed the format established in the Structure Plan and covers the following topic headings:

- Development Management
- Resource Management
- Economic Development
- Housing, Community and Leisure Facilities.

A separate policy section relates to Greater Stornoway.

This is followed by the **proposals** section which sets out the main development proposals reasonably likely in the next 5 years or so by the activities of the Comhairle and others. The proposals are separately shown for Greater Stornoway and for the areas outwith.

The final section indicates how **implementation and monitoring** of the plan will be addressed by the Comhairle.

A set of **appendices** provides further guidance to assist the assessment of development proposals.


The **Proposal Maps** identify areas of land affected by the policies and show the detailed proposal sites contained in both the Local and Structure Plan. It is important to note that the identification of proposal sites does not exclude the consideration of development on other suitable sites not shown on the maps.

Tha am Plana Leasachaidh reachdail airson nan Eilean Siar anns a' Phlana Ionadail còmhla ris a' Phlana Structarail aontaichte (2003). Ag obrachadh còmhla 's e an amas a bhith ag ullachadh:

“ro-innleachd cleachdadh fearainn airson coimhearsnachdan nan Eilean Siar a chumail suas”.

Chuir a' Chomhairle aonta ri ullachadh aon Phlana Ionadail ùr do na h-eileanan gu lèir san Ògmhios 2004. An dèidh coinneachadh ri na prìomh bhuidhnean le com-pàirt ann, chaidh Plana Ionadail Deireannach ullachadh mar bhunait airson co-chomhairle foirmeil leis a' mhòr-shluagh.

Tha am Plana Ionadail goirid agus mothachail. Tha e a' cleachdadh dòigh dheimhinneach airson leasachadh agus a' feuchainn ri frèam ullachadh a bheir measadh agus stiùireadh leasachaidh a tha soilleir agus cunbhalach ach sùbailte gu leòr gus coinneachadh ri prìomh-amasan leasachadh seasmhach ar n-eileanan. Tha ceangal aig a' Phlana Ionadail ri diofar fhrèaman ionadail agus nàiseanta agus tha an ceangal eatorra air a shealltainn shìos.



Tha dlùth cheangal aig a' Phlana Ionadail ris a' Phlana Structarail agus mar sin bu chòir dha a bhith air a leughadh agus air a chleachdadh còmhla ris. Tha am Plana Ionadail a' dèanamh tar-iomradh iomchaidh ris a' Phlana Structarail agus ri stiùireadh poileasaidh nàiseanta agus ionadail eile, gu h-àraidh PAN 49 Planadh Ionadail agus PAN 73 Iol-ghnèitheachadh Dùthchail. Ach, tha e a' seachnadh ath-aithris, gu h-àraidh far a bheilear a' dèiligeadh gu h-iomchaidh ri cuspair aig ìre ro-innleachdail agus far nach eil feum air sealladh ionadail a bharrachd. Mar leis a' Phlana Structarail, tha poileasaidhean a' Phlana Ionadail eadar-cheangailte agus eadar-eisimeileach.

Anns a' chiad earrann tha na **prìomh chuspairean poileasaidh** a thaobh prìomh-amasan agus feuman ionadail (nach eil air an gabhail a-staigh sa Phlana Structarail). Lean am Plana an dreach a chaidh a stèidheachadh sa Phlana Structarail agus tha e a' gabhail a-staigh nan ceann-cuspair a leanas:

- Rianachd Leasachaidh
- Rianachd Stòrais
- Leasachadh Eaconamach
- Taigheadas, Goireasan Coimhearsnachd agus Cur-seachad.

Tha poileasaidh air leth ann airson Sgìre Steòrnabhaigh.

An dèidh seo tha an earrann **mholaidhean** a tha a' comharrachadh nam prìomh mholaidhean leasachaidh is dòcha a bhith anns an ath 5 bliadhna no mar sin le obair na Comhairle agus bhuidhnean eile. Tha na mholaidhean air an sealltainn airson Sgìre Steòrnabhaigh air leth bho na sgìrean air an taobh a-muigh.

Tha an earrann dheireannach a' sealltainn mar a bhios a' Chomhairle a' cur aghaidh air **buileachadh agus sgrùdadh** a' phlana.

Tha seata de **phàipearan-taice** a' toirt stiùireadh a bharrachd gus cuideachadh a' measadh mholaidhean leasachaidh.

Tha na **Mapaichean Mholaidhean** a' comharrachadh pìosan talmhainn air am bi na poileasaidhean a' toirt buaidh agus a' sealltainn nan làraichean molaidd mionaideach a tha sa Phlana Ionadail agus sa Phlana Structarail. Tha e cudromach gun toirear aire nach eil a bhith a' comharrachadh làraichean molta a' ciallachadh nach tèid coimhead ri leasachadh air làraichean freagarrach eile nach eil air an sealltainn air na mapaichean.



Development Management

Context

The Structure Plan sets out the overall objectives for managing land use and development in the Western Isles. The Local Plan complements and builds on the policies contained in the Structure Plan while embodying national priorities which include promotion of sustainable development and good design.

Along with other key island issues including infrastructure provision and flooding, the Local Plan Development Management section provides guidance for developers and will be used in the consideration of planning applications.

It provides the main policies for determining the location of development and achieving an appropriate quality of development. The advice on design will be supplemented by local Design Guidance, currently being developed.

It is emphasised that the Local Plan, as with the Structure Plan, comprises a set of inter-dependent and inter-related policies. Accordingly this section should not be used in isolation from the rest of the Plan or from the Structure Plan.

Policy reference, title and text

LP/DM1 Assessment of Development Applications

In assessing development proposals an appropriate and acceptable quality of development and design that relates to setting will be required. Account will be taken of Structure Plan policy DM7 and of the considerations set out in:

- a) Appendix 2: Development and Design Considerations
- b) Appendix 3: Car Parking Provision
- c) Appendix 4: Roads and Access.

In assessing small-scale development of all types the potential incremental impact of development on the area as a whole will be considered.

For larger scale developments and sensitive sites, detailed plans and drawings will be required prior to consideration of full planning approval. In particular circumstances, supplementary information or a planning brief may be required.

Where development takes place without appropriate consent or where the conditions of consent are not being met, the Comhairle will consider taking enforcement action in accordance with its policy.

National and/or local policy context

SPP 1
PAN 58
Structure Plan DM1
Structure Plan DM7

CnES Enforcement
Policy October 1995.



Rianachd Leasachaidh

Suidheachadh

Tha am Plana Structarail a' comharrachadh nan amasan iomlan airson rianachd cleachdadh fearainn agus leasachadh anns na h-Eileanan Siar. Tha am Plana Ionadail a' cur ri agus a' togail air poileasaidhean a' Phlana Structarail agus cuideachd a' sealltainn nam prìomh-amasan nàiseanta a tha a' gabhail a-staigh adhartachadh air leasachadh seasmhach agus deagh dhealbhadh.

Còmhla ri prìomh chùisean eile a bhuineas do na h-eileanan a' gabhail a-staigh bun-structair solair agus tuileachaidh, gheibhear stiùireadh do luchd-leasachaidh ann an earrann Rianachd Leasachaidh a' Phlana Ionadail agus bidh e air a chleachdadh ann

am beachdachadh air iarrtasan dealbhaidh. Tha e a' sealltainn nam prìomh phoileasaidhean airson co-dhùnadh nan àiteachan sam bi leasachadh agus càileachd leasachaidh iomchaidh air a choileanadh. Bidh a' chomhairle air deilbh air a leudachadh le Stiùireadh Deilbh ionadail, a tha ga chur air dòigh an-dràsta.

Tha e cudromach gu bheil am Plana Ionadail, mar am Plana Structarail, a' gabhail a-staigh seata de phoileasaidhean eadar-eisimeileach agus eadar-cheangailte. Mar sin, cha bu chòir an earrann seo a bhith air a cleachdadh ach còmhla ris a' chòrr den Phlana no còmhla ris a' Phlana Structarail.

Fiosrachadh, tìotal agus teacs poileasaidh

LP/DM1 Measadh air Iarrtasan Leasachaidh

Ann a bhith a' measadh thagraidhean leasachaidh feumar càileachd leasachaidh agus deilbh a tha freagarrach is iomchaidh don t-suidheachadh. Bidh aire air a thoirt do phoileasaidh DM7 sa Phlana Structarail agus do na nithean air an comharrachadh ann am:

- Pàipear-taice 2: Cùisean Leasachaidh agus Deilbh
- Pàipear-taice 3: Pàirceadh chàraichean
- Pàipear-taice 4: Rathaidean agus Slighean a-steach.

Ann a bhith a' measadh leasachadh beag-sgèile de gach seòrsa bithear a' beachdachadh air a' bhuidhe leantainneach a dh'fhaodadh a bhith aig leasachadh air an sgìre gu lèir.

Airson leasachaidhean air sgèile nas motha agus làraichean cugallach, bithear ag iarraidh planaichean agus dealbhan mionaideach mus tèid beachdachadh air cead dealbhaidh iomlan. Ann an suidheachaidhean sònraichte, dh'fhaodadh gum feumar fiosrachadh leasachail no mion-fhiosrachadh dealbhaidh.

Far an gabh leasachadh àite gun chead iomchaidh no far nach eil na cumhachan chead air an coileanadh, beachdaichidh a' Chomhairle air èigneachadh ann an co-rèir ris a' phoileasaidh aca.

Suidheachadh poileasaidh nàiseanta agus/no ionadail

SPP 1
PAN 58
Plana Structarail DM1
Plana Structarail DM7

Poileasaidh
Èigneachaidh CnES
Dàmhair 1995.



Policy reference, title and text

National and/or local policy context

LP/DM2 Adverts and Signs

Applications for advertisements and signs and particularly those with proposed illumination and/or affecting the setting of a listed building or within a Conservation Area, must be of a suitable design, dimension, position, material and colour so that they:

- a) are appropriate to their surroundings in scale, character and materials and do not adversely affect architectural detail;
- b) avoid creating clutter and do not detract from the amenity of the area or interrupt important features, buildings or views;
- c) do not prejudice highway safety, public safety or visibility of official signs.

Composite signs will be encouraged where appropriate, for instance at roadside junctions and/or at settlement edges and in line with the Comhairle's Tourist Signposting policy.

Developers will also be urged to produce signs in bilingual format in line with the Comhairle's approved Gaelic policy.

Town and Country Planning (Control of Advertisements) (Scotland) Regulations 1984

CnES Tourist Signposting policy - March 2000

CnES Gaelic Policy March 2004

LP/DM3 Service Infrastructure

The Comhairle will work with others, including service providers, to seek continued improvement to infrastructure provision to remove development constraints and ensure sufficient capacity for development potential within the Local Plan period. Public investment will be sought to ensure this can be achieved. Areas where improvement of existing public waste water systems or first time installation of new public systems is required are indicated on the Proposals Map. In such areas, where private systems are being installed, treatment arrangements will be carefully assessed.

In seeking to enable sustainable outcomes Structure Plan policies DM5 and DM6 will provide the main guidance for the assessment of development proposals.

PAN 51
Structure Plan DM1
Structure Plan DM5
Structure Plan DM6
Structure Plan DM7

LP/DM4 Flooding

Developers will be required to provide a Flood Risk Assessment undertaken to a professionally competent standard, for proposals in areas between the 5m contour and MHWS (mean high water springs) and in other areas of significant flood risk which may be identified by SEPA and others. In line with SPP7, such assessments and studies will be used in determining the acceptability of the site and the proposed development.

SPP 7
PAN 69
SEPA Policy No 22
SEPA Policy No 41
Structure Plan DM8


LP/DM5 Telecommunications

Planning permission will normally be granted for the installation of radio masts and other commercial telecommunications equipment provided that:

- a) a need is demonstrated for the equipment;
- b) in the case of applications for base stations or new free-standing equipment, no reasonable possibility exists to share existing facilities or attach antenna to existing buildings or structures;
- c) design, siting and installation minimise the landscape and visual impacts and ensure no adverse impacts on amenities of neighbours;
- d) there is no discernable public health risk; and
- e) redundant masts and equipment are removed and the site is satisfactorily restored.

Applications for new masts will not be considered unless accompanied by justification for the proposed site, including evidence that sharing of existing masts has been sought and that there are no more suitable, alternative sites available.

NPPG 19
PAN 62
Structure Plan ED4



Fiosrachadh, tìotal agus teacsa poileasaidh

LP/DM2 Sanasan agus Soighnichean

Feumaidh iarrtasan airson sanasan agus soighnichean agus gu h-àraidh feadhainn le solas agus/no a' toirt buaidh air suidheachadh togalach air liosta no taobh a-staigh Àrainn Glèidhteachais, a bhith ann an deilbh, meud, suidheachadh, stuth agus dath freagarrach gus:

- am bi iad a' co-fhreagairt na tha mun cuairt ann an sgèile, coltas agus stuthan agus nach bi iad a' milleadh feartan ailtireachd;
- nach bi iad a' cruthachadh sgudal agus nach bi iad a' toirt air falbh bho ghoireas an àite no a' cur dragh air feartan, togalaichean no seallaidhean cudromach;
- nach bi iad a' cruthachadh cunnart a thaobh sàbhailteachd air an rathad-mhòr, sàbhailteachd a' phobaill no faicsinneachd shoighnichean oifigeil.

Bithear a' misneachadh soighnichean measgaichte ma bhios e iomchaidh, mar eisimpleir aig ceangail rathaid agus/no air iomall bhailtean agus a rèir Poileasaidh na Comhairle airson Soighnichean Luchd-turais.

Bithear ag iarraidh air luchd-leasachaidh soighnichean dà-chànanach a dhèanamh cuideachd a rèir poileasaidh Gàidhlig aontaichte na Comhairle.

Suidheachadh poileasaidh nàiseanta agus/no ionadail

Dealbhadh Baile agus Dùthcha (Riaghailtean Smachd air Sanasan) (Alba) 1984

Poileasaidh Soighnichean Luchd-turais CnES - Màrt 2000

Poileasaidh Gàidhlig CnES Màrt 2004

LP/DM3 Bun-structair Seirbheis

Bidh a' Chomhairle ag obair còmhla ri daoine eile, a' gabhail a-staigh solaraichean seirbheis, airson leasachadh air ullachadh bun-structair a chumail a' dol gus cuingeadan leasachaidh a thoirt air falbh agus dèanamh cinnteach gum bi e cothrom gu leòr air leasachadh a dhèanamh taobh a-staigh ùine a' Phlana Ionadail. Bithear ag iarraidh cur an seilbh poblach gus dèanamh cinnteach gun gabh seo a choileanadh. Tha àiteachan far a bheil feum air na siostaman uisge-caithte poblach a tha ann a leasachadh no air siostaman poblach ùra a chur an sàs airson a' chiad uair air an sealltainn air a' Mhapa Mholaidhean. Ann an àiteachan mar sin, far a bheil siostaman prìobhaideach gan cur an sàs, bidh gach ullachadh airson leasachadh air a mheasadh gu cùramach.

Ann a bhith ag amas air toraidhean seasmhach bheir poileasaidhean DM5 agus DM6 sa Phlana Structarail am prìomh stiùireadh airson measadh air molaidhean leasachaidh.

PAN 51
Plana Structarail DM1
Plana Structarail DM5
Plana Structarail DM6
Plana Structarail DM7

LP/DM4 Tuileachadh

Feumaidh luchd-leasachaidh Measadh Cunnart bho Thuil a dhèanamh gu ìre proifeiseanta, airson molaidhean ann an ceàrnaidhean eadar an àirde-fearainn 5m agus MHWS (fuaranan meadhanach muir-làn) agus ann an àiteachan eile far a bheil cunnart mòr bho thuil a dh'fhaodadh a bhith air an comharrachadh le SEPA agus buidhnean eile. A rèir SPP7, bidh measaidhean agus rannsachaidhean mar sin air an cleachdadh ann an co-dhùnadh freagarrachd an làraich agus an leasachadh a chaidh a mholadh.

SPP 7
PAN 69
Poileasaidh SEPA Àir 22
Poileasaidh SEPA Àir 41
Plana Structarail DM8

LP/DM5 Tele-chonaltradh

Sa chumantas bidh cead dealbhadh air a thoirt airson crainn rèidio agus uidheam tele-chonaltradh malairt eile a chur an sàs ma thèid sealltainn:

- gu bheil feum air an uidheam a chaidh a shealltainn;
- a thaobh iarrtasan airson bun-stèiseanan no uidheam ùr air leth, nach eil comas reusanta ann a chur an lùib nan goireasan a tha ann no antenna a chur air na togalaichean no structairean a tha ann;
- gu bheil deilbh, suidheachadh agus uidheamachadh an uidheim a' lùghdachadh nam buaidhean air cumadh-tìre agus sealladh agus a' dèanamh cinnteach nach bi droch bhuaidh sam bith air goireasan mun cuairt;
- nach eil coltas gu bheil cunnart sam bith ann do shlàinte a' phobaill; agus
- gu bheil crainn agus uidheam anabharra air an toirt air falbh agus gu bheil an làrach air a chàradh gu ìre iomchaidh.

Cha tèid beachdachadh air iarrtasan airson crainn ùra mur bi fianais nan cois a thaobh an làraich a chaidh a mholadh, a' gabhail a-staigh dearbhadh gu bheil air beachdachadh air na crainn a tha ann a chleachdadh agus nach eil làraichean freagarrach sam bith eile ann dhaibh.

NPPG 19
PAN 62
Plana Structarail ED4



Resource Management

Context

The Western Isles contain a wide range of valuable resources. Both the built and the natural environments add to the quality of life enjoyed by residents as well as visitors to the islands. Croft land, and the manner in which it is managed, has and continues to contribute significantly to the value of the landscape and the natural heritage. The archaeology of the islands along with the many important historical buildings form a vital part of the unique character of the area and visibly chart the story of the islands social, economic and cultural history.

It is essential therefore that these resources continue to be managed and, where appropriate, developed in a positive manner to increase people's use and enjoyment of them and to assist in developing the tourism industry within the Western Isles.

Noting the importance of our heritage, the Structure Plan provides the resource policy framework covering the natural and built environment as well as land and coastal management. The main policy approach to management of local resources, as set out in the Structure Plan, is to ensure prudent stewardship of the cultural, natural and built heritage resources in ways that maximise their economic potential in a sustainable manner.

Policy reference, title and text

LP/RM1 Built Heritage Conservation

In assessing development proposals affecting conservation areas and listed buildings or their settings, account will be taken of Structure Plan policies RM12 and RM13 as well as the considerations set out in:

- a) Appendix 5: Development affecting Listed Buildings
- b) Comhairle approved Conservation and Thatched Buildings policies.

Where possible, the retention and re-use of buildings of local character will be sought. In assessing the merits of retention regard will be made to the buildings' historic value, condition and contribution to its local setting.

In particular, where communities bring forward or are supportive of proposals for positive conservation of the built environment, the Comhairle will work with appropriate interests. The areas of Port of Ness, Arnol, Tarbert, Rodel, South Lochboisdale and Castlebay merit further consideration for such initiatives.

National and/or local policy context

SPP 15
 PAN 71
 Historic Scotland's Memorandum of Guidance on Listed Buildings and Conservation Areas 1998
 Structure Plan RM12
 Structure Plan RM13
 Structure Plan RM14
 Structure Plan RM15



Rianachd Stòrais

Suidheachadh

Tha iomadh seòrsa stòras luachmhor anns na h-Eileanan Siar. Tha na h-àrainneachdan togte agus nàdarrach a' cur ri gnè-beatha luchd-còmhnaidh agus luchd-tadhail nan eilean. Tha, bha agus bidh talamh croitearachd, agus an dòigh sa bheil e air a riaghladh, a' cumail a' cur gu mòr ri luach an t-sealladh-tìre agus an dualchas nàdarra. Tha arc-eòlas nan eilean còmhla ris an iomadh togalach eachdraidheil cudromach nam pàirt de choltas sònraichte an àite agus a' foillseachadh eachdraidh shòisealta, eaconamach agus chultarach nan eilean.

Mar sin tha e deatamach gum bi riaghladh nan stòras sin air a chumail a' dol agus, far am bi e iomchaidh, air an leasachadh ann an dòigh dheimhinneach gus am faigh daoine barrachd feum agus tlachd asta agus gus cuideachadh a' leasachadh a' ghnìomhachas turasachd anns na h-Eileanan Siar.

A' toirt aire do chudromachd ar dualchais, tha frèam poileasaidh stòrais anns a' Phlana Structarail a' gabhail a-steach na h-àrainneachd thogte agus nàdarrach còmhla ri rianachd fearainn agus oirthir. 'S e prìomh dhòigh-obrach a' phoileasaidh rianachd stòrasan ionadail, mar a tha air a chomharrachadh sa Phlana Structarail a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi stiùbhardachd glic air na stòrasan dualchas cultarach, nàdarrach agus togte ann an dòighean a mheudaicheas an comas eaconamach ann an dòigh sheasmhach.

Fiosrachadh, tiotal agus teacsa poileasaidh

LP/RM1 Glèidhteachas Dualchas Togte

Ann a bhith a' measadh mholaidhean leasachadh a tha a' toirt buaidh air àrainnean glèidhteachais agus togalaichean air liosta no an suidheachaidhean, bithear a' toirt aire do phoileasaidhean RM12 agus RM13 den Phlana Structarail còmhla ri na nithean a tha air an comharrachadh ann am:

- Pàipear-taice 5: Leasachadh a' toirt buaidh air Togalaichean air liosta
- Poileasaidhean aontaichte na Comhairle a thaobh Glèidhteachais agus Taighean Tughaidh.

Cho fad 's a ghabhas, bithear airson togalaichean le feartan ionadail a chumail agus ath-chleachdadh. Ann a bhith a' measadh a bheil togalach airidh air a chumail thèid aire a thoirt do luach eachdraidheil agus staid an togalaich agus a bheil e feumail don sgìre.

Gu h-àraidh, far a bheil coimhearsnachdan a' toirt air adhart no a' toirt taic do mholaidhean airson deagh glèidhteachas air an àrainneachd thogte, obraichidh a' Chomhairle còmhla ri na buidhnean iomchaidh le ùidh ann. Tha sgìrean Phort Nis, Àrnol, an Tairbeart, Roghadal, Loch Baghasdail a Deas agus Bàgh a' Chaisteil airidh air tuilleadh beachdachaidh airson iomairtean mar sin.

Suidheachadh poileasaidh nàiseanta agus/no ionadail

SPP 15
PAN 71
Meòrachan Alba
Eachdraidheil air
Stiùireadh a thaobh
Togalaichean air
Liosta agus Àrainnean
Glèidhteachais 1998
Plana Structarail RM12
Plana Structarail RM13
Plana Structarail RM14
Plana Structarail RM15



Policy reference, title and text

National and/or local policy context

LP/RM2 Archaeology and Archaeologically Sensitive Areas

The Comhairle will only permit development adversely affecting Scheduled Ancient Monuments and nationally important sites in exceptional circumstances and where there is an overriding public interest. To assess such proposals the criteria set out in Structure Plan policy RM15 will be applied.

For development affecting regional or locally important sites, the importance of the remains, including the potential for amenity, tourism and education purposes, will be weighed against the benefits of the proposed development.

Where development is acceptable, in addition to the excavation and recording arrangements set out in Structure Plan policy RM15 long term management, access and interpretation of the site may also be required.

Within the Stornoway Archaeologically Sensitive Area, as shown on the Proposals Map, developers will normally be required to arrange and fund an archaeological evaluation prior to the determination of planning applications if any ground disturbance is envisaged as part of the development. The results of the evaluation will determine any archaeological conditions to be imposed as part of the consent.

NPPG 5
PAN 42
Structure Plan RM15

LP/RM3 Tree Protection and Management

As far as possible, existing native and broadleaf trees and non-commercial woodlands should be retained and managed for their amenity and biodiversity value.

Where as part of a development it is proposed to fell trees which have significant amenity value, conditions will be imposed requiring landscaping which includes replacement trees.

NPPG 14
Structure Plan RM5
CnES Woodland Strategy December 2003



Earrann Poileasaidh

Fiosrachadh, tìotal agus teacs poileasaidh

Suidheachadh poileasaidh nàiseanta agus/no ionadail

LP/RM2 Arc-eòlas agus Ceàrnaidhean Cugallach a thaobh Arc-eòlais

Cha toir a' Chomhairle cead airson leasachadh a bheir droch bhuaidh air Làraichean Àrsaidh Clàraichte agus làraichean le cudrom nàiseanta ach a-mhàin ann an suidheachaidhean sònraichte agus far a bheil ùidh a' phobail a' dol os cionn gach nì eile. Gus molaidhean mar sin a mheasadh bithear a' cleachdadh nan slatan-tomhais air an comharrachadh ann am poileasaidh RM15 sa Phlana Structarail.

Airson leasachadh a tha a' toirt buaidh air làraichean le cudrom roinneil no ionadail, bidh cudromachd nan làraichean, a' gabhail a-staigh cothroman airson goireis, turasachd agus foghlaim, air a chothromachadh ri buannachdan an leasachaidh a chaidh a mholadh.

Far a bheil leasachadh iomchaidh, a thuilleadh air a' chladhach agus a' chlàradh air a chomharrachadh ann am poileasaidh RM15 den Phlana Structarail dh'fhaodadh gum feum an làrach rianachd, slighe a-steach agus mìneachadh cuideachd.

Taobh a-staigh Ceàrn Cugallach a thaobh Arc-eòlais Steòrnabhaigh, mar a tha air a shealltainn air a' Mhapa Mholaidhean, mar as trice feumaidh luchd-leasachaidh measadh arc-eòlach ullachadh agus a mhaoineachadh mus bi iarrtasan dealbhaidh air an co-dhùnadh ma tha sùil ri gluasad talmhainn sam bith mar phàirt den leasachadh. Bidh toraidhean a' mheasaidh a' dearbhadh nan cumhachan arc-eòlach a bhios rin leagail mar phàirt den chead.

NPPG 5
PAN 42
Plana Structarail RM15

LP/RM3 Dìon agus Rianachd Craobhan

Cho fada 's a ghabhas, bu chòir na craobhan gnèitheach agus mòr-dhuilleagach agus coiltean neo-mhalairteach a tha ann a bhith air an gleidheadh agus air an rianachd airson an luach goireis agus bith-iomadachd.

Far a bheilear a' moladh, mar phàirt de leasachadh, craobhan a leagail aig a bheil luach goireis cudromach, bidh cumhachan air an leagail ag iarraidh dealbhadh-tìre a' gabhail a-staigh craobhan a chur nan àite.

NPPG 14
Plana Structarail RM5
Ro-innleachd Coille
CnES Dùbhlachd 2003



Economic Development

Context

Economic development is a major theme of the Outer Hebrides Community Plan, expressed through the Comhairle's economic strategy, Creating Communities of the Future. The Structure Plan's policy approach to land use for economic development is to promote investment and economic activity that strengthens the Western Isles economy in a sustainable manner, develop strategies based on the sustainable use of the islands' resources and to view job creation positively through a flexible approach to land use.

The role of the Local Plan is to build on the strategy providing detailed policy guidance for the location and development of businesses across a range of sectors to accommodate a variety of business and economic activities, whilst appropriately safeguarding our built and natural heritage as well as the amenity of surrounding land uses.

Policy reference, title and text

National and/or local policy context

LP/ED1 Business Development

The preferred sites for business development are shown on the Proposals Map. Subject to compliance with other Structure and Local Plan policies further business development may be permitted if it can be demonstrated that either:

- a) none of the identified sites is suitable to accommodate the proposed development; or
- b) there is a specific economic need at the proposed location.

SPP 2
Structure Plan ED1

LP/ED2 Safeguarding Industrial Activities

Development proposals (particularly for housing) adjacent to existing or proposed general industrial/storage sites (use classes 5 & 6) will be assessed carefully to ensure that the industrial activities are not constrained. This may be achieved either through creation of a buffer zone between the uses or by the use of design and landscaping techniques.

SPP 2
Structure Plan ED14

LP/ED3 Safeguarding Renewable Energy Resources

Development proposals adjacent to sites with planning consent for renewable energy development will be considered carefully in order to safeguard the viability of the energy resource.

NPPG 6
Structure Plan ED2
CnES Policy
Considerations for
Renewable Energy
Developments
November 2004



Leasachadh Eaconamach

Suidheachadh

Tha leasachadh eaconamach na phrìomh chuspair ann am Plana Coimhearsnachd Innse Gall, air a chur an cèill tro ro-innleachd eaconamach na Comhairle, Cruthachadh Coimhearsnachdan ri Teachd. 'S e modh poileasaidh a' Phlana Structarail a thaobh cleachdadh fearainn airson leasachadh eaconamach a bhith a' brosnachadh cur an seilbh agus obair eaconamach a neartaicheas eaconamaidh nan Eilean Siar ann an dòigh sheasmhach, a' leasachadh ro-innleachdan stèidhichte air stòrasan nan eilean a chleachdadh ann an dòigh sheasmhach agus a' coimhead ri cruthachadh-obrach air dhòigh dheimhinneach tro dhòigh-obrach shùbailte airson cleachdadh fearainn.

'S e dleastanas a' Phlana Ionadail a bhith a' togail air an ro-innleachd a' toirt stiùireadh mionaideach air poileasaidh airson suidheachadh agus leasachadh ghnòthachasan thar diofar roinnean gus iomadh seòrsa obair ghnòthachais agus eaconamach a ghabhail a-staigh, agus a' dìon ar dualchas togte agus nàdarra agus an goireas cleachdaidhean fearainn mun cuairt mar bu chòir.

Fiosrachadh, tìotal agus teacs poileasaidh

Suidheachadh poileasaidh nàiseanta agus/no ionadail

LP/ED1 Leasachadh Gnothachais

Tha na roghainnean airson làraichean leasachadh gnothachais air an sealltainn air a' Mhapa Mholaidhean. Ma thèid cumail ri poileasaidhean eile a' Phlana Structarail agus a' Phlana Ionadail dh'fhaodadh gum bi tuilleadh leasachadh gnothachais air a cheadachadh ma thèid sealltainn an dàrna cuid:

- nach eil gin de na làraichean a tha air an ainmeachadh freagarrach airson an leasachaidh a chaidh a mholadh a ghabhail a-staigh; no
- gu bheil feum eaconamach shònraichte aig an àite a chaidh a mholadh.

SPP 2
Plana Structarail ED1

LP/ED2 Dìon Obair Gníomhachais

Bidh molaidhean leasachaidh (gu sònraichte airson taigheadais) ri taobh làraichean gnìomhachais/stòraidh coitcheann (clasaichean cleachdaidh 5 & 6) a tha ann mar-thà no a chaidh a mholadh air am measadh gu cùramach gus dèanamh cinnteach nach eil an obair gnìomhachais air a chuibhreachadh. Dh'fhaodadh seo a choileanadh le sòn bufair a chur eadar na diofar obraichean no le bhith a' cleachdadh modhan deilbh agus dealbhadh-tìre.

SPP 2
Plana Structarail ED14

LP/ED3 Dìon Stòrasan Cumhachd Ath-nuadhachail

Bithear a' beachdachadh gu cùramach air molaidhean leasachaidh ri taobh làraichean le cead dealbhaidh airson leasachadh cumhachd ath-nuadhachail gus am bi ion-obrachadh an stòras cumhachd air a dhìon.

NPPG 6
Plana Structarail ED2
Cùisean Poileasaidh CnES
airson Leasachaidhean
Cumhachd
Ath-nuadhachail
Samhain 2004



Policy reference, title and text

National and/or local policy context

LP/ED4 Aquaculture and Marine Planning Powers

In assessing development proposals the following considerations will be taken into account:


- a) location and design of installations and associated facilities;
- b) biodiversity, landscape and other natural heritage features;
- c) access and servicing considerations;
- d) appropriate measures to deal with the issues of pollution, disease and navigational considerations;
- e) appropriate management, monitoring and site restoration arrangements;
- f) the incremental or cumulative impact of the proposal.

Water Environment and Water Services (Scotland) Act 2003
 Scottish Executive Policy Guidance Note: Locational Guidelines for Marine Fish Farms
 Structure Plan ED7

LP/ED5 Caravans and Camping for Tourism

Sites to be developed for accommodating holiday/touring caravans will be required to accord with the Comhairle's approved Caravan Sites Policy. Sites currently identified as suitable for tourist caravans and camping are shown on the Proposals Map.

Structure Plan ED5
 CnES Caravan Sites Policy August 2002



Fiosrachadh, tìotal agus teacsa poileasaidh

LP/ED4 Cumhachdan Dealbhaidh Tuathanachas-uisge agus Mara

Ann a bhith a' measadh mholaidhean leasachaidh bidh aire air a thoirt do na nithean a leanas:

- a) suidheachadh agus deilbh uidheaman agus goireasan co-cheangailte riutha;
- c) bith-iomadachd, sealladh-tìre agus pàirtean eile den dualchas nàdair;
- d) cùisean cothruim agus càraidh;
- e) ceuman freagarrach gus dèiligeadh ri ceistean truaillidheachd, galair agus cùisean seòladaireachd;
- f) ullachadh freagarrach airson rianachd, sgrùdadh agus ath-nuadhachadh làraich;
- g) buaidh leantainneach no tionalach a' mholaidh.

- gum bu chòir a' chuid as motha den leasachadh a bhith de dhùmhlachd ìosal ged a thèid gabhail ri beagan flataichean no dhùmhlachd nas àirde anns an dormitory agus timcheall air;
- gum bi àiteachan fosgailte anns an leasachadh leis am bi an ùghdarras dealbhaidh riarachta;
- gum bi an neach-leasachaidh a' coinneachadh ri cosgaisean bun-structair sam bith nach bu chòir a bhith aig ùghdarrasan ri ghiùlan;
- gum bi buaidhean cothrom rathaid agus trafaig leis am bi an ùghdarras dealbhaidh riarachta.

Mol LP/HCL 3 Beul na h-Aibhne, Ceann a' Bhàigh


Thèid beachdachadh air lionadh a-steach agus leasachadh beul na h-aibhne aig Ceann a' Bhàigh. Tha cleachdaidhean iomchaidh a' gabhail a-steach malairt (ach chan eil clasaichean cleachdaidh 5 & 6), goireasan coimhearsnachd no poblach agus taigheadas còmhla ri tomhas de phàirceadh chàraichean poblach. Feumaidh molaidhean sam bith coinneachadh ri gach slat-thomhais a leanas:

- gu bheil an abhainn air a filleadh a-steach gu h-iomchaidh don leasachadh mar fheart uisge deimhinneach;
- gu bheil slighe, gu sònraichte do choisichean, air a ghabhail a-steach thar beul na h-aibhne dhan Ghearraidh Chruaidh aig ceann a deas an làraich;
- gum bi ceangal freagarrach ri ballachan-dìona na mara a tha air liosta A agus an càradh mar a bhios iomchaidh;
- gu bheil aire air a thoirt don t-Sàr Àrainn Glèidhteachais agus do Phlana Rianachd Àrainn Glèidhteachais sam bith no poileasaidhean co-cheangailte riutha;
- gu bheil àirde thogalaichean a' co-fhreagairt nan togalach mun cuairt;
- gum bi seallaidhean den Ghearraidh Chruaidh bhon bhaile air an cumail;
- gum bi tomhas de dh'obair bhon raon phoblach air fhilleadh a-steach do chruth an làraich;
- Measadh Cunnart bho Thuil freagarrach agus rannsachadh uisgeachaidh (air a dhèanamh leis an neach-leasachaidh).

Bithear a' sùileachadh gun seall an neach-leasachaidh gu bheil aonta air a thighinn bho Ùghdarras Cala Steòrnabhaigh agus Urras Steòrnabhaigh.

Mol LP/HCL 4 Làrach Ionad na Drochaid, Ceann a' Bhàigh

Thathar a' moladh gum bi làrach Ionad na Drochaid, Ceann a' Bhàigh air a chleachdadh airson adhbharan coimhearsnachd, taigheadais no cur-seachad. Feumaidh leasachadh dèiligeadh gu h-iomchaidh ri truaillleadh sam bith a dh'fhaodadh a bhith air fhàgail bho dhòighean-cleachdaidh roimhe.



Greater Stornoway

Prop LP/HCL 5 The Nicolson Institute

It is proposed to redevelop secondary school provision at The Nicolson Institute.

Outwith Greater Stornoway

Prop LP/HCL 6 Housing Sites outwith Greater Stornoway

Outwith Greater Stornoway it is proposed that the following sites will be developed for housing:

- a) Gearraidh Guirm, Coll – 100% affordable housing.
- b) An Glib, Garrabost – 100% affordable housing.
- c) Milking Hill, Tong – general housing.
- d) Tong Road, Tong – general housing.
- e) adjacent to Stornoway Airport – general housing (see Prop LP/ED 6).
- f) Bayble – 100% affordable housing.
- g) former Leurbost School, Lewis – serviced plots.
- h) Bunavoneader, Harris – serviced plots.
- i) land at Howmore, South Uist, west of A875 – general housing.
- j) former School, Garrynamonie, South Uist – serviced plots.
- k) Eoligarry, Barra – affordable housing.

It is proposed to identify land for additional housing in Tarbert, Harris. Some associated housing may be considered on the East Loch Regeneration site, Tarbert subject to business activity remaining as the major site use (see Structure Plan policy ED1).

Prop LP/HCL 7 Schools Provision

It is proposed to:

- a) develop a new Community School at Bayble, Lewis.
- b) identify land and develop a new Community School at Barvas, Lewis.
- c) identify land and develop a new Primary School at Balivanich, Benbecula.
- d) undertake a phased redevelopment of the Sir E Scott Secondary School, Tarbert.

Prop LP/HCL 8 Community Facilities

It is proposed to develop community facilities at the following locations:

- a) Barvas, Lewis – extension to existing Community Hall.
- b) Clan McQuarrie, Borve, Lewis – new Community Hall.
- c) Uig, Lewis – upgrade existing Community Hall.
- d) Aird, Point, Lewis – upgrade existing Community Hall.
- e) Ballalan, Lewis – upgrade existing Community Hall.
- f) Carinish, North Uist – extension to existing Community Hall.
- g) Balivanich, Benbecula – new Community Hall.
- h) Back old School, Lewis – general community uses.
- i) Carloway, Lewis – day care unit.
- j) Daliburgh, South Uist – new residential care unit.

Sgìre Steòrnabhaigh

Mol LP/HCL 5 Sgoil MhicNeacail

Thathar a' moladh togalaichean na h-àrd-sgoile ath-leasachadh aig Sgoil MhicNeacail.

Taobh a-muigh Sgìre Steòrnabhaigh

Mol LP/HCL 6 Làraich Taigheadais taobh a-muigh Sgìre Steòrnabhaigh

Taobh a-muigh Sgìre Steòrnabhaigh thathar a' moladh na làraich a leanas an leasachadh airson taigheadais:

- Gearraidh Guirm, Col – 100% taigheadas saor.
- An Glib, Garrabost – 100% taigheadas saor.
- Cnoc a' Bhleoghainn, Àird Thunga – taigheadas coitcheann.
- Rathad Àird Thunga – taigheadas coitcheann.
- ri taobh Port-adhair Steòrnabhaigh – taigheadas coitcheann (faic Mol LP/ED 6).
- Pabail – 100% taigheadas saor.
- seann Sgoil Liùrbost, Leòdhas – pìosan talmhainn ullaichte.
- Bun Abhainn Eadarra, Na Hearadh – pìosan talmhainn ullaichte.
- talamh aig Tobha Mòr, Uibhist a Deas, an iar air an A875 – taigheadas coitcheann.
- seann Sgoil Ghearraidh na Mònadh, Uibhist a Deas – pìosan talmhainn ullaichte.
- Eòlaigearraidh, Barraigh – taigheadas saor.

Thathar a' moladh talamh a chomharrachadh airson taigheadas a bharrachd ann an Tairbeart na Hearadh. Dh'fhaodadh gun tèid beachdachadh air beagan taigheadais co-cheangailte ris air làrach Ath-bheothachadh Loch an Ear, An Tairbeart ma bhios obair gnothachais air fhàgail mar a' phrìomh chleachdadh air an làrach (faic foileasaidh ED1 sa Phlana Structarail).

Mol LP/HCL 7 Ullachadh do Sgoiltean

Thathar a' moladh:

- Sgoil Choimhearsnachd ùr a thogail ann am Pabail, Leòdhas.
- talamh a chomharrachadh agus Sgoil Choimhearsnachd ùr a thogail ann am Barabhas, Leòdhas.
- talamh a chomharrachadh agus Bun-sgoil ùr a thogail am Baile a' Mhanaich, Beinn na Faoghla.
- ath-leasachadh mean air mhean a dhèanamh air Àrd-sgoil Sir E Scott, an Tairbeart.

Mol LP/HCL 8 Goireasan Coimhearsnachd

Thathar a' moladh goireasan coimhearsnachd a leasachadh anns na h-àiteachan a leanas:

- Barabhas, Leòdhas – leudachadh air an Talla Choimhearsnachd a tha ann.
- Clan McQuarrie, Borgh, Leòdhas – Talla Choimhearsnachd ùr.
- Uig, Leòdhas – ùrachadh an Talla Choimhearsnachd a tha ann.
- An Àird, an Rubha, Leòdhas – ùrachadh an Talla Choimhearsnachd a tha ann.
- Baile Ailein, Leòdhas – ùrachadh an Talla Choimhearsnachd a tha ann.
- Càirinis, Uibhist a Tuath – leudachadh an Talla Choimhearsnachd a tha ann.
- Baile a' Mhanaich, Beinn na Faoghla – Talla Choimhearsnachd ùr.
- Seann Sgoil a' Bhac, Leòdhas – cleachdaidhean coimhearsnachd coitcheann.
- Càrlabhaigh, Leòdhas – aonad cùram latha.
- Dalabrog, Uibhist a Deas – aonad cùram còmhnaidheach ùr.



Transportation

Greater Stornoway

Prop LP/Trans 1 Local Traffic Improvements

The following key local traffic management schemes are proposed:

- a) improvements to traffic flows at Manor roundabout and Laxdale bridge, taking into account the listed status of the bridge.
- b) identification of an area for long stay parking provision within easy walking distance of the town centre.
- c) evaluation of traffic management around Quay Street and Point Street.

Outwith Greater Stornoway

Prop LP/Trans 2 Spinal Route

It is proposed to upgrade the spinal route at the following locations:

- a) Port of Ness, Lewis (A857).
- b) Luskentyre/Stockinish junction, Harris (A859).
- c) Clachan – Carinish, North Uist (A867).
- d) Sniseabhal – Howbeg, South Uist (A865).
- e) Daliburgh, South Uist (A865).

Prop LP/Trans 3 Barra Airstrip

It is proposed to identify land for the development of a new airstrip for Barra.

Còmhdhail

Sgìre Steòrnabhaigh

Mol LP/Trans 1 Leasachaidhean Trafaig Ionadail

Tha na prìomh sgeamaichean rianachd trafaig ionadail a leanas air am moladh:

- leasachaidhean ri ruith trafaig aig cearcall-rathaid Manor agus drochaid Lacasdail, a' toirt aire do inbhe liostaichte na drochaid.
- comharrachadh àite airson pàirceadh airson ùine fhada far am bi e furasta coiseachd gu meadhan a' bhaile.
- measadh air rianachd trafaig timcheall air Sràid a' Chidhe agus Sràid an Rubha.

Taobh a-muigh Sgìre Steòrnabhaigh


Mol LP/Trans 2 Prìomh Shlighe

Thathar a' moladh an slighe cnàimh-droma ùrachadh anns na h-àiteachan a leanas:

- Port Nis, Leòdhas (A857).
- ceangal-rathad Losgaintir/Stocainis, Na Hearadh (A859).
- Clachan – Càirinis, Uibhist a Tuath (A867).
- Snaoiseabhal – Tobha Beag, Uibhist a Deas (A865).
- Dalabrog, Uibhist a Deas (A865).

Mol LP/Trans 3 Port-adhair Bharraigh

Thathar a' moladh talamh a chomharrachadh airson port-adhair ùr do Bharraigh.



Implementation

To be effective the Local Plan policies and proposals must be relevant, realistic and capable of implementation. Ultimately successful implementation depends on the actions and resources both of the Comhairle and a variety of other public, private and voluntary sector bodies as well as individuals. The Plan seeks to influence development and investment decisions and appropriately integrate with the strategies of other agencies.

The Comhairle has an important implementation role. Various departments are responsible for providing a number of services and facilities on the ground including transportation, economic development, education and leisure. The planning function helps deliver the land use element of these activities. In exercising its development control function, the Comhairle will use the Local Plan and the Structure Plan together with any other material considerations to determine planning applications.

In addition to directly implementing aspects of the Plan itself, the Comhairle will work in partnership with other bodies and the community to pursue the Plans objectives.

Implementation will significantly rely on the activities of other public agencies, such as the Enterprise Companies, Scottish Water and Communities Scotland. Noting funding constraints, it is important that the public agencies, including the Comhairle, work closely to maximise use of resources and their impact for the benefit of the Western Isles.

The private and voluntary sectors, including the expanding social enterprise sector, also have an important implementation role. It should be noted that Local Plan and other relevant policy support is often important in helping assemble successful funding bids.

Monitoring and Review

The Comhairle has a statutory duty to maintain an up to date and relevant plan for its area. Accordingly, the Local Plan will be monitored taking into account national guidance and the Structure Plan. This will allow assessment of how successfully the policies are being achieved, whether they in fact remain valid or need to respond to any changed circumstances.

National guidance recommends that the Local Plan should be reviewed within a 5 year cycle. If it is found the Plan is no longer relevant, it will be subsequently altered or, in the case of fundamental changes, replaced. With a view to modernising and improving the planning system, future legislation changes are anticipated. This is likely to have implications for the preparation and review of Local and Structure Plans.

Buileachadh

Ma tha poileasaidhean agus molaidhean a' Phlana Ionadail gu bhith èifeachdach feumaidh iad a bhith iomchaidh, ciallach agus comasach am buileachadh. Aig a' cheann thall tha buileachadh soirbheachail an crochadh air gnìomhan agus stòrasan na Comhairle agus diofar bhuidhnean sna roinnean poblach, prìobhaideach agus saor-thoileach còmhla ri daoine fa leth. Tha am Plana ag iarraidh buaidh a thoirt air co-dhùnaidhean leasachaidh agus cur an seilbh agus ceangal iomchaidh a bhith aige ri ro-innleachdan bhuidhnean eile.

Tha dleastanas buileachaidh cudromach aig a' Chomhairle. Tha uallach air diofar roinnean airson nan diofar sheirbheisean agus ghoireasan aca fhèin ullachadh a' gabhail a-staigh còmhaidh, leasachadh eaconamach, foghlam agus cur-seachad. Tha an dleastanas dealbhaidh a' cuideachadh a' libhrigeadh eileamaid cleachdadh fearainn nan gnìomhan sin. Ann a bhith a' coileanadh a ghnìomh smachd leasachaidh, bidh a' Chomhairle a' cleachdadh a' Phlana Ionadail agus a' Phlana Structarail còmhla ri nithean cudromach sam bith eile gus tighinn gu co-dhùnadh mu iarrtasan dealbhaidh.

A thuilleadh air buileachadh dìreach air pàirtean den Phlana fhèin, bidh a' Chomhairle ag obair còmhla ri buidhnean eile agus a' choimhearsnachd gus amasan nam Planaichean a leantainn.

Bidh buileachadh gu mòr an urra ri gnìomhan bhuidhnean poblach eile, mar na Companaidhean Iomairt, Uisge na h-Alba agus Coimhearsnachdan Alba. A' toirt aire do chuingeadan maoineachaidh, tha e cudromach gum bi na buidhnean poblach, a' gabhail a-staigh a' Chomhairle, a' co-obrachadh gus cleachdadh stòrais agus a' bhuidhnean aca a mheudachadh gu buannachd nan Eilean Siar.

Tha pàirt buileachaidh cudromach cuideachd aig na roinnean prìobhaideach agus saor-thoileach, a' gabhail a-staigh na roinn iomairt sòisealta a tha a' leudachadh. Bu chòir aire a thoirt gu bheil taic bho Phlana Ionadail agus poileasaidh buntainneach eile gu tric cudromach gus cuideachadh a' cur ri chèile tairgsean maoineachaidh soirbheachail.

Sgrùdadh agus Ath-bhreithneachadh

Tha dleastanas reachdail aig a' Chomhairle a bhith a' cumail plana nua-aimsireil agus iomchaidh airson na roinne aige. Mar sin, bithear a' cumail sùil air a' Phlana le aire do stiùireadh nàiseanta agus don Phlana Structarail. Bheir seo cothrom air measadh dè cho math 's a tha na poileasaidhean air an coileanadh, a bheil iad fhathast freagarrach no a bheil còir aca dèiligeadh ri suidheachaidhean sam bith a tha air atharrachadh.

Tha stiùireadh nàiseanta a' moladh gum bu chòir am Plana Ionadail a bhith air ath-sgrùdadh taobh a-staigh gach 5 bliadhna. Ma gheibhear a-mach nach eil am Plana freagarrach a-nis, bidh e air atharrachadh no, a thaobh atharrachaidhean bunaiteach, Plana ùr air a dhèanamh. Le sùil ri bhith ag ùrachadh agus a' leasachadh an t-siostam dealbhaidh, bidh dùil ri atharrachaidhean reachdais san àm ri teachd. Bidh seo buailteach buaidh a thoirt air ullachadh agus ath-bhreithneachadh Planaichean Ionadail agus Structarail.




Appendix 1: Local Plan Responses to Issues Highlighted in Structure Plan

Structure Plan Reference	Local Plan Response
<p>SC5 Social Inclusion and Equal Opportunities Take account of findings of Community Appraisals or community development plans.</p>	Development of the local plan has drawn from a variety of sources including Community Appraisals.
<p>DM1 Location of Development Identify development opportunity sites within settlements – show settlements and address scope for their future development.</p>	The Proposals Map shows sites for housing and business development and indicates search areas for housing in and around the greater Stornoway settlement.
<p>DM2 Remote and Peripheral Areas Identify such areas.</p>	Proposals Map shows IAAO areas.
<p>DM3 Regeneration Areas Further policy guidance for regeneration areas.</p>	Detailed guidance is provided through a range of the policies and opportunities for development are shown on the Proposals Map.
<p>DM4 Re-use of Brownfield Land & Vacant Buildings Identify significant parcels of land.</p>	Sites identified and the contaminated land register which will be cross-referenced to the local plan Proposals Map.
<p>DM5 Availability of Supporting Infrastructure Identify areas where infrastructure constraints may impact upon development and ways in which such constraints can be overcome.</p>	The Proposals Map shows areas of wastewater constraint and areas of priority for wastewater system upgrade.
<p>DM8 Flooding Identify areas at risk from flooding.</p>	Policy LP/DM4 defines such areas.
<p>RM3 Safeguarding Locally Important Agricultural Land Identify locally important agricultural land.</p>	The Proposals Map shows areas defined as 4.1 under the Macaulay Land Use Classification.
<p>RM4 Peat Extraction Identify areas considered suitable for peat extraction.</p>	This policy applies only to commercial peat extraction. Individual applications will be considered on their merits.
<p>RM7 Coastal Erosion Identify specific areas at risk from erosion requiring specific considerations.</p>	Areas will in the future be identified in line with advice from SEPA, SNH and Technical Services Department. Awaiting further information.
<p>RM12 Conservation Areas Consider specific policy and practical measures to safeguard and enhance the character of designated Conservation Areas and identify other areas that merit designation.</p>	Addressed in policy LP/RM1.
<p>ED1 Sites for Business Development Identify sites in each Sustainable Community Area (SCA).</p>	The Proposals Map shows sites identified in the Structure Plan and in proposals Prop LP/ED 1 - 8. Some SCAs have no specific site as they are influenced by a greater extent by their proximity to Stornoway.
<p>ED2 Development of Alternative and Renewable Energy Resources Identify potentially suitable sites, including provision of surrounding safeguard or exclusion areas.</p>	Since the Structure Plan, the Comhairle has approved a separate guidance paper and major wind farm applications have been submitted for determination by the Scottish Executive. Policy LP/ED3 addresses safeguard areas.



Pàipear-taice 1: Freagairt A' Phlana Ionadail Do Chùisean Air An Sònrachadh Sa Phlana Structarail

Fiosrachadh Bhon Phlana Structarail	Freagairt A' Phlana Ionadail
<p>SC5 In-ghabhail Sòisealta agus Co-ionannachd Chothroman A' toirt aire do cho-dhùnaidhean Measaidhean Coimhearsnachd no planaichean leasachadh coimhearsnachd.</p>	<p>Tha leasachadh a' Phlana Ionadail air a thoirt à diofar àiteachan a' gabhail a-staigh Measaidhean Coimhearsnachd.</p>
<p>DM1 Làrach an Leasachaidh Comharrachadh làraich le cothrom leasachaidh taobh a-staigh bhailtean – sealltainn bhailtean agus a' coimhead ris a' chomas air an leasachadh san àm ri teachd.</p>	<p>Tha am Mapa Mholaidhean a' sealltainn làraich airson leasachadh taigheadais agus gnothachais agus a' comharrachadh an àiteachan ris a bheilear a' coimhead airson taigheadais ann an tuineachadh Sgìre Steòrnabhaigh agus mun cuairt.</p>
<p>DM2 Ceàrnaidhean Iomall 's aig an Oir Comharrachadh ceàrnaidhean mar sin.</p>	<p>Mapa mholaidhean a' sealltainn ceàrnaidhean IAAO.</p>
<p>DM3 Ceàrnaidhean Ath-bheothachaidh Stiùireadh poileasaidh a bharrachd do cheàrnaidhean ath-bheothachaidh.</p>	<p>Tha stiùireadh mionaideach air a thoirt tro chuid de na poileasaidhean agus tha cothroman airson leasachaidh air an sealltainn air a' Mhapa Mholaidhean.</p>
<p>DM4 Ath-chleachdadh Fearann Raon-donn & Togalaichean Falamh Comharrachadh pìosan fearainn mòra.</p>	<p>Làraich a chaidh an comharrachadh agus an clàr fearann truailte a bhios a' dèanamh tar-iomradh air Mapa Mholaidhean a' Phlana Ionadail.</p>
<p>DM5 Cothrom air Bun-structair Taice Comharrachadh ceàrnaidhean far am faod cuingeadan bun-structair bualadh air leasachadh agus dòighean air am faighear thairis air cuingeadan mar sin.</p>	<p>Tha am Mapa Mholaidhean a' sealltainn ceàrnaidhean le cuingeadan uisge-caithte agus ceàrnaidhean le prìomhachas airson leasachadh siostam uisge-caithte.</p>
<p>DM8 Tuileachadh Comharrachadh ceàrnaidhean ann an cunnart bho thuileachadh.</p>	<p>Tha poileasaidh LP/DM4 a' mìneachadh ceàrnaidhean mar sin.</p>
<p>RM3 Dion fearann àiteachais le cudrom ionadail Comharrachadh fearann àiteachais le cudrom ionadail.</p>	<p>Tha am Mapa Mholaidhean a' sealltainn ceàrnaidhean air am mìneachadh mar 4.1 fo Rangachadh MhìcAmhlaigh airson Cleachdadh Fearainn.</p>
<p>RM4 Buain Mhònach Comharrachadh ceàrnaidhean a tha air am meas freagarrach airson buain mhònach.</p>	<p>Tha am poileasaidh seo a' buntainn a-mhàin ri buain mhònach airson malairt. Bithear a' beachdachadh air iarrtasan fa leth air an luach.</p>
<p>RM7 Bleith-thalmhainn air an Oir Comharrachadh ceàrnaidhean sònraichte ann an cunnart bho bhleith-thalmhainn a dh'fheumas beachdachadh sònraichte.</p>	<p>Bidh ceàrnaidhean air an comharrachadh san àm ri teachd a rèir comhairle bho SEPA, SNH agus Roinn nan Seirbheisean Teicnigeach. A' feitheamh ri tuilleadh fiosrachaidh.</p>
<p>RM12 Àrainnean Glèidhteachais Beachdachadh air poileasaidh sònraichte agus ceuman practaigeach a nì dion agus leasachadh air feartan Àrainnean Glèidhteachais Sònraichte agus comharrachadh ceàrnaidhean eile a tha a' dèiligeadh ris.</p>	<p>Thathar a' dèiligeadh ris ann am poileasaidh LP/RM1.</p>
<p>ED1 Làraich airson Leasachadh Gnothachais Comharrachadh làraich anns gach Sgìre Coimhearsnachd Seasmhach.</p>	<p>Tha am Mapa Molaidhean a' sealltainn làraich a tha air an comharrachadh sa Phlana Structarail agus ann am molaidhean Mol LP/ED 1 - 8. Tha cuid de SCAs aig nach eil làrach sònraichte oir tha ire buaidh nas motha aig cho faisg 's a tha iad air Steòrnabhagh.</p>
<p>ED2 Leasachadh Stòrasan Cumhachd Eadar-dhealaichte agus Ath-nuadhachail Comharrachadh làraich a dh'fhaodadh a bhith freagarrach, a' gabhail a-staigh ceàrnaidhean dìona no às-dhùnaidh mun cuairt.</p>	<p>Bho chaidh am Plana Structarail ullachadh, tha a' Chomhairle air pàipear stiùiridh air leth aontachadh agus tha prìomh iarrtasan airson tuath-gaoithe air an cur airson co-dhùnadh bho Riaghaltas na h-Alba. Tha poileasaidh LP/ED3 a' dèiligeadh ri ceàrnaidhean dìona.</p>





Structure Plan Reference	Local Plan Response
<p>ED3 Oil and Gas Related Development Consider need and opportunities for defining suitable locations.</p>	Addressed in policy LP/STY4 & Prop LP/ED 5 (Arnish).
<p>ED5 Tourism Development Identify suitable sites.</p>	The Proposals Map shows sites identified in Prop LP/ED 10.
<p>ED6 Fisheries and Aquaculture Infrastructure Identify suitable sites for improvements to piers and harbours.</p>	The Proposals Map shows sites identified in Prop LP/ED 11.
<p>ED8 Mineral Working to Satisfy Island Needs Consider defining and safeguarding extensions to existing quarries.</p>	Appropriate sites will be shown on Proposals Map.
<p>ED10 Restoration and Re-use of Former Quarries Identify opportunities for re-use of former quarries.</p>	Appropriate sites will be shown on Proposals Map.
<p>ED11 Retail and Service Provision Develop a suite of policies and proposals for Stornoway Town Centre.</p>	Addressed in policy LP/STY4.
<p>ED13 Waste Management Facilities Identify suitable sites that deliver Best Practicable Environmental Option.</p>	The Proposals Map shows the major public waste sites identified in the Structure Plan and identifies a new proposed facility at Creed Enterprise Park. (Prop LP/ED 7).
<p>ED14 Neighbour Amenity Show exclusion areas.</p>	Further developed in policy LP/ED2.
<p>Proposal 2 – West of Uist Harbour Facilities Technical feasibility study.</p>	This does not form part of the current Comhairle strategy.
<p>HCL1 Location of Sites for Housing Identify a range of sites... appropriate to the particular Sustainable Community Area. Assess local requirements for special need housing. Needs within remote and peripheral areas. Show settlements and townships.</p>	<p>The Proposals Map shows sites identified in Prop LP/HCL 1, 2, 3 and 6.</p> <p>Special needs housing will be provided through the provision of <i>'liveability'</i> housing and through the Local Housing Strategy.</p> <p>Rural housing needs are being jointly considered by the Comhairle, Communities Scotland, Crofters Commission and others.</p> <p>The Proposals Map shows search areas for new housing in and around the greater Stornoway settlement.</p>
<p>HCL4 Provision of Community and Leisure Facilities Show suitable sites for the development of new neighbourhood centres.</p>	The Proposals Map shows sites identified in Prop LP/HCL 8.
<p>Proposal 3 Western Isles Way Identify off-road stretches suitable to form appropriate links.</p>	Not identified in the Local Plan. This will be assessed as part of any proposed Core Path Network.
<p>T1 Improving the Transport Infrastructure Identify and safeguard land (spinal route to double track – Stornoway – Tarbert and North Uist).</p>	The Proposals Map shows sites identified in Prop LP/Trans 2.



Pàipearan-Taice



Fiosrachadh Bhon Phlana Structarail

Freagairt A' Phlana Ionadail

ED3 Leasachadh Co-cheangailte ri Ola agus Gas
Beachdachadh air feum agus cothroman airson làraich freagarrach a shònrachadh.

Thathar a' dèiligeadh ris ann am poileasaidh LP/STY4 & Mol LP/ED 5 (Àirinis).

ED5 Leasachadh Turasachd
Comharrachadh làraich freagarrach.

Tha am Mapa Mholaidhean a' sealltainn làraich air an ainmeachadh ann am Mol LP/ED 10.

ED6 Bun-structair Iasgach agus Tuathanachas-uisge
Comharrachadh làraich freagarrach airson leasachaidhean ri cidheachan agus calaidhean.

Tha am mapa Mholaidhean a' sealltainn làraich air an ainmeachadh ann am Mol LP/ED 11.

ED8 Obair Mèinnearach gus Coinneachadh ri Feuman nan Eilean
Beachdachadh air sònrachadh agus dìon leudachaidhean ri cuaraidhean a tha ann.

Bidh làraich freagarrach air an sealltainn air Mapa Mholaidhean.

ED10 Ath-nuadhachadh agus Ath-chleachdadh Seann Chuaraidhean
Comharrachadh cothroman airson seann chuaraidhean ath-chleachdadh.

Bidh làraich freagarrach air an sealltainn air Mapa Mholaidhean.

ED11 Solar Reic agus Seirbheis
Cur ri chèile sreath phoileasaidhean agus mholaidhean airson Meadhan Baile Steòrnabhaigh.

Thathar a' dèiligeadh ris ann am poileasaidh LP/STY4.

ED13 Goireasan Rianachd Sgudail
Comharrachadh làraich freagarrach a tha a' libhrigeadh Roghainn Àrainneachdail So-dhèanta as Fheàrr.

The Mapa Mholaidhean a' sealltainn nam prìomh làraich sgudail poblach air an ainmeachadh anns a' Phlana Structarail agus a' comharrachadh goireas ùr a chaidh a mholadh aig Pàirc Gnothachais a' Ghrid. (Mol LP/ED 7).

ED14 Goireas-taitneis Nàbachd
Sealltainn ceàrnaidhean air an dùnadh a-mach.

Air a leudachadh ann am poileasaidh LP/ED2.

Moladh 2 - Goireasan Cala Taobh Siar Uibhist
Sgrùdadh ion-dhèantachd teicnigeach.

Chan eil seo na phàirt den ro-innleachd a tha aig a' Chomhairle an-dràsta.

HCL1 Suidheachadh Làraich airson Taigheadais
Comharrachadh diofar làraich freagarrach airson na Sgìre Coimhearsnachd Sheasmhach shònraichte.

Measadh feumalachdan ionadail airson taigheadas airson feuman sònraichte.

Feuman ann an ceàrnaidhean iomallach agus aig an oir.

Sealltainn tuineachaidhean agus bailtean.

Tha am Mapa Mholaidhean a' sealltainn làraich air an ainmeachadh ann am Mol LP/HCL 1, 2, 3 agus 6.

Bidh taigheadas airson feuman sònraichte air ullachadh tro taigheadas 'liveability' agus tron Ro-innleachd Taigheadais Ionadail.

Tha a' Chomhairle, Coimhearsnachdan Alba, Ùghdarras nan Croitearan agus buidhnean eile còmhla a' beachdachadh air feuman taigheadais dùthchail.

Tha am Mapa Mholaidhean a' sealltainn ceàrnaidhean ris a bheilear a' coimhead airson taigheadas ùr ann an tuineachadh Sgìre Steòrnabhaigh agus mun cuairt.

HCL4 Ullachadh Goireasan Coimhearsnachd agus Cur-seachad
Sealltainn làraich freagarrach airson ionadan coimhearsnachd ùra a leasachadh.

Tha am Mapa Mholaidhean a' sealltainn làraich air an ainmeachadh ann am Mol LP/HCL 8.

Moladh 3 Slighe nan Eilean Siar
Comharrachadh pìosan talmhainn airson ceanglaichean freagarrach a dhèanamh.

Chan eil e air ainmeachadh anns a' Phlana Ionadail. Bidh seo air a mheasadh mar phàirt de Lionradh Prìomh Shlighe sam bith a chaidh a mholadh.

T1 Leasachadh a' Bhun-structair Còmhdhail
Comharrachadh agus dìon fearainn (slighe cnàimh-droma gu rathad dùbailte - Steòrnabhagh - An Tairbeart agus Uibhist a Tuath).

Tha am Mapa Mholaidhean a' sealltainn làraich air an ainmeachadh ann am Mol LP/Trans 2.





Appendix 2: Development & Design Considerations

Pre application discussion is encouraged at as early a stage as possible. It can help reduce problems, delays and possibly costs in the longer term.

In dealing with applications for development the Comhairle will take account of any approved national and local design guidance. It will seek to achieve, particularly at the negotiation stage, an appropriate and acceptable quality of development and design especially in relation to:

- i) **location** – appropriate and sympathetic location in the landscape or townscape.
- ii) **siting** – careful placement on site, in relation to existing landform, development patterns, amenity and energy conservation via solar gain and shelter.
- iii) **levels** – attention will be given to levels, excavation and under-building with a view to minimising impact. (Plans should show an accurate representation of how the proposed development would lie on the site, for example on sloping or undulating ground. In sensitive locations detailed information, such as cross sections, may be requested.)
- iv) **size and form** – should relate to sky line, landform and existing buildings.
- v) **density, layout and orientation** – should relate to character, amenity and privacy of neighbouring properties.
- vi) **materials, colour, proportions and detailing** – should take account of existing setting and environmental impact. Use of recycled materials and sustainable sourced/manufactured building materials is encouraged. The opportunity to maximise energy efficiency via insulation, glazing, heating systems and reduction in heat loss should be taken.
- vii) **landscaping and boundaries** – landscaping and boundary treatments can help integrate a site into its wider setting as well as providing an attractive overall development.
- viii) **lighting** – developers will be encouraged to design lighting so as to prevent light spread beyond or upwards from the area to be illuminated. Careful selection of lighting unit materials, colour, height, scale and siting can help achieve a more sympathetic design outcome.

High profile/landmark sites

Where a building or development is either high profile or will have a high impact within the townscape or open countryside eg along prominent street frontage, at major visitor attractions or prominent rural locations the Comhairle will require a high quality design solution.

Housing development in Settlements*

In addition to the above, the Comhairle will take account of the following considerations when assessing and guiding housing development in settlements. These draw together guidance provided in Structure Plan (SP) and Local Plan (LP) policies.

- i) The **relationship of the development** to existing settlement/built form should be sympathetic in terms of pattern, density, scale and appearance (SP/DM1; SP/DM7; LP/DM1; LP/HCL1).
- ii) Any **detrimental impact on neighbouring uses/amenity** should be minimised e.g. in terms of proximity, privacy, orientation of new houses (SP/DM7).
- iii) Proposals should not adversely affect the **overall character orcrofting viability** of the township (SP/RM1).
- iv) Development should have regard to the **availability of supporting infrastructure** (SP/DM5; SP/DM6; LP/DM3).
- v) **Satisfactory access and parking** should be provided to avoid such problems as congestion on single track roads (SP/DM7).
- vi) Where possible, the proposal should facilitate opportunities and minimise constraints in relation to any **future development potential** of adjacent land (LP/HCL1).
- vii) Any **detrimental incremental impact** of the individual proposal on the wider area should be avoided (LP/DM1).
- viii) Where siting raises planning concerns, demonstration of **site selection considerations** may be required including potential alternative sites and land availability (SP/DM1; SP/DM7).
- ix) The **views of other relevant bodies** e.g. the Crofters Commission, Grazing Committees and service providers, may be required (LP/HCL1).

For housing proposed on the **edge of settlements*** specific consideration will also be given to:

- i) The **physical and visual integration** of development with the existing settlement in terms of proximity, scale and density and development layout/form (SP/DM1).
- ii) The contribution the development makes to the **visual or landscape setting** of the settlement (SP/DM1).

Note:

Where development is physically isolated from the main body of existing settlement, then Structure Plan policy DM1 criteria will apply.

*A definition of Settlement is provided in the glossary.

Pàipear-taice 2: Cùisean Leasachaidh & Deilbh

Thathar a' misneachadh còmhraidh ri buidhnean aig ìre cho tràth 's a ghabhas ron iarrtas. Faodaidh e cuideachadh le duilgheadasan, dàil agus 's dòcha cosgaisean a lùghdachadh san ùine fhada.

Ann a bhith a' dèiligeadh ri iarrtasan airson leasachadh bheir a' Chomhairle aire do stiùireadh deilbh nàiseanta agus ionadail sam bith. Bidh iad airson a bhith a' coileanadh, gu sònraichte aig an ìre barganachaidh, ìre leasachaidh agus deilbh freagarrach agus iomchaidh gu sònraichte a thaobh:

- i) **làrach** – làrach freagarrach agus mothachail anns an fhearann no baile.
- ii) **suidheachadh** – suidheachadh faiceallach air làrach, a thaobh a' chruth-tìre, pàtranan leasachaidh, goireas agus caomhnadh cumhachd a tha ann le bhith a' faighinn barrachd grèine agus fasnachaidh.
- iii) **ìrean** – bidh aire air a thoirt do dh'ìrean, cladhach agus fo-thogail le sùil ri bhith a' lùghdachadh buaidh. (Bu chòir gum biodh planaichean a' sealltainn dealbh ceart air mar a bhiodh an leasachadh a chaidh a mholadh a' laighe air an làrach, mar eisimpleir air leathad no talamh tonnach. Ann an ceàrnaidhean cugallach dh'fhaodadh gum bithear ag iarraidh fiosrachadh mionaideach, mar tar-dhealbhan.)
- iv) **meud agus cruth** – bu chòir gum biodh ceangal aige ris a' bhun-speur, an cruth-tìre agus na togalaichean a tha ann.
- v) **dùmhachd, cruth agus dòigh suidheachaidh** – bu chòir gum biodh ceangal aige ri coltas, goireas agus diomhaireachd nan togalaichean rin taobh.
- vi) **stuthan, dath, meudan agus mion-phuingean** – bu chòir dhaibh aire a thoirt don t-suidheachadh a tha ann agus a' bhuaidh àrainneachdail. Thathar a' misneachadh a bhith a' cleachdadh stuthan ath-chuairtichte agus stuthan togail air am faighinn/an dèanamh ann an dòigh sheasmhach. Bu chòir cothrom a ghabhail air èifeachdas cumhachd tro chòmhdach dìona, glainne, siostaman teasachaidh agus lùghdachadh ann an call teas.
- vii) **dealbhadh-tìre agus crìochan** – faodaidh leasachaidhean dealbhadh-tìre agus crìochan cuideachadh a' filleadh làrach a-steach don t-suidheachadh mun cuairt còmhla ri bhith a' dèanamh an leasachadh iomlan tarraingeach.
- viii) **solais** – bithear ag iarraidh air luchd-leasachaidh solais a dhealbhadh gus nach bi an solas a' sgaoileadh seachad air no os cionn an àite a tha còir aige a shoillseachadh. Faodaidh taghadh cùramach air stuthan, dath, àirde, sgèile agus suidheachadh aonad solais cuideachadh a' coileanadh toradh deilbh nas mothachaile.

Ìomhaigh àrd/làraichean comharrachaidh

Far a bheil ìomhaigh àrd aig togalach no leasachadh no far a bheil buaidh mhòr aige taobh a-staigh a' bhaile no air an dùthaich m.e. ri taobh na sràide, aig àiteachan tarraingeach do luchd-turais no làraichean dùthchail cudromach feumaidh deagh dhòighean deilbh a bhith aig a' Chomhairle.

Leasachadh taigheadais ann am Bailtean*

A thuilleadh air na nithean shuas, bheir a' Chomhairle aire do na leanas nuair a bhios iad a' measadh agus a' stiùireadh leasachadh taigheadais ann am bailtean. Tha iad sin a' tarraing gu chèile stiùireadh a tha ann am poileasaidhean a' Phlana Structarail (SP) agus a' Phlana Ionadail (LP).

- i) Bu chòir gum biodh **ceangal an leasachaidh** ris a' chruth baile/ togte a tha ann a bhith mothachail a thaobh pàtran, dùmhachd, sgèile agus coltas (SP/DM1; SP/DM7; LP/DM1; LP/HCL1).
- ii) Bu chòir gum biodh **droch bhuaidh sam bith** air **cleachdaidhean/goireas mun cuairt** a bhith air a lùghdachadh m.e. a thaobh fagaisgeachd, diomhaireachd, dòigh suidheachaidh thaighean ùra (SP/DM7).
- iii) Cha bu chòir gun toireadh molaidhean droch bhuaidh air **coltas iomlan no ion-obrachadh croitearachd** a' bhaile (SP/RM1).
- iv) Bu chòir gun toireadh leasachadh aire don **chothrom air bun-structair taice** (SP/DM5; SP/DM6; LP/DM3).
- v) Bu chòir gum biodh **cothrom agus pàirceadh iomchaidh** ann gus duilgheadasan mar dùmhachd air rathaidean singilte a sheachnadh (SP/DM7).
- vi) Cho fad 's a ghabhas, bu chòir don mholadh cuideachadh a' lùghdachadh cothroman agus cuingeadan a thaobh **leasachadh sam bith a bhiodh comasach san àm ri teachd** air fearann ri thaobh (LP/HCL1).
- vii) Bu chòir droch **bhuaidh leantainneach** a bheir am moladh sònraichte air an àite san fharsaingeachd a bhith air a sheachnadh (LP/DM1).
- viii) Far a bheil suidheachadh a' togail ceistean dealbhaidh, dh'fhaodadh gum feumar **cùisean roghainn** làrach a shealltainn a' gabhail a-staigh làraichean agus fearann eile a dh'fhaodadh a bhith ri fhaotainn (SP/DM1; SP/DM7).
- ix) Dh'fhaodadh gum feumar **beachdan bho bhuidhnean buntainneach eile** m.e. Ùghdarras nan Croitearan, Comataidhean Ionaidraidh agus solaraidhean seirbheis (LP/HCL1).

Airson taigheadas a chaidh a mholadh air **iomall bhailtean*** thèid beachdachadh gu sònraichte cuideachd air:

- i) **Aonadh corporra agus faicsinneach** an leasachaidh ris a' bhaile a tha ann a thaobh fagaisgeachd, sgèile is dùmhachd agus cruth/cumadh an leasachaidh (SP/DM1).
- ii) Na tha an leasachadh a' cur ri **sealladh-tìre no cumadh-tìre** a' bhaile (SP/DM1).

Nòta:

Far a bheil leasachadh air falbh bhon prìomh phàirt den bhaile a tha ann, thèid slatan-tomhais poileasaidh DM1 den Phlana Structarail a chleachdadh.

*Tha mìneachadh air Baile anns a' chlàr briathrachais.



Appendix 3: Car Parking Provision

The following parking guidance sets out a framework to help assess different types of development and achieve adequate parking provision. Noting most new development gives rise to a need for additional parking it is important to ensure that appropriate parking provision is made in terms of pedestrian and road safety, free flow of traffic, visual appearance and impact on neighbouring amenity.

Reference to the guidance and the advice of the Technical Services Department will form one of the important inputs to the overall assessment of development applications. Early pre application discussion is encouraged especially where parking is likely to be a key consideration.

The parking guidance is intended to be positive and constructive and act as an encouragement to development. In seeking to generally achieve the requirements it is recognised that all applications have individual characteristics and merits, and there are sometimes special or unique circumstances for which the guidelines will not cater. Accordingly assessment will seek to attain a balance between car parking and highway needs as well as wider socio-economic and environmental considerations. Where requirements are not met the applicant may be asked to demonstrate the background to and adequacy of the proposed provision and any wider public or other benefits arising from the development.

Relaxation of the parking standards guidance will be considered in the following specific situations:

- a) Development is small scale and located within **Stornoway Town Centre** (as defined by boundaries of policy LP/STY4).
- b) Important **historic buildings** are brought back into beneficial use and where adherence to requirements may either be physically impossible or would compromise the setting, amenity or integrity of the building.
- c) In **affordable housing or other developments** where car ownership levels may be less than normal.
- d) The location is well served by, and/or is likely to benefit from **good public transport provision**.
- e) The **redevelopment of vacant buildings/brownfield sites** where sustainable objectives are achieved.

Cycle parking provision will be strongly supported in appropriate developments, in line with encouraging 'greener' transport solutions.

(Assessment of appropriate provision for any **staff parking** requirements outlined below for commercial, industrial, recreational and service industry categories, should be based on the likely maximum number of staff present at the busiest time period.)

Residential Parking

Type of Development	Appropriate Provision	Comment
Housing Dwelling House Flat	2.0 1.5	Includes for visitors.
Old People's Homes/ Children's Homes	1 space per 4 residents	Includes provision for staff and visitors.
Student Flats	1 space per 7 students + 1 space per 3 staff + 1 space per warden	Allowance should be made for future provision of parking assessed on the basis of possible subsequent occupation as mainstream housing.



Pàipear-taice 3: Pàirceadh Chàraichean

Tha an stiùireadh pàircidh a leanas a' suidheachadh frèam gus cuideachadh a' measadh diofar sheòrsachan leasachaidh agus ag ullachadh pàirceadh iomchaidh. Le aire gu bheil a' chuid as motha de leasachadh ùr ag adhbharachadh gum feumar pàirceadh a bharrachd tha e cudromach dèanamh cinnteach gu bheil pàirceadh freagarrach air ullachadh a thaobh sàbhailteachd choisichean agus rathaidean, gluasad trafaiag furasta, sealladh agus buaidh air goireas mun cuairt.

Bidh iomradh air stiùireadh agus comhairle na Roinn Seirbheisean Teicneòlais air aon de na nithean cudromach a chaidh an cur a-steach ris a' mheasadh iomlan air iarrtasan leasachaidh. Bu chòir gum biodh còmhraidh air a dhèanamh tràth ron iarrtas gu sònraichte far a bheil coltas gum bi pàirceadh na phrìomh chùis.

Thathar a' sùileachadh gum bi an stiùireadh pàircidh deimhinneach agus cuideachail agus a' brosnachadh leasachadh. Ann a bhith a' feuchainn ri na riatanasan a choileanadh san fharsaingeachd thathar mothachail gu bheil feartan agus luachan fa leth aig a h-uile iarrtas, agus aig amannan bidh suidheachaidhean sònraichte no speisealta ann nach bi air an gabhail a-staigh san stiùireadh. Mar sin bidh measadh a' feuchainn ri co-chòrdadh a dhèanamh eadar feuman pàirceadh chàraichean agus an rathad-mòr còmhla ri cùisean sòisio-eaconamach agus àrainneachdail. Far nach tèid coinneachadh ri riatanasan dh'fhaodadh gun tèid iarraidh air an tagraiche sealltainn eachdraidh agus iomchaidheachd an ullachaidh a chaidh a mholadh agus na buannachdan nas fharsainge a gheibheadh an sluagh no eile bhon leasachadh.

